



Teisteanais
Nàiseanta
EISIMPLEIR A-MHÀIN

S872/75/11

Eachdraidh

Deit — Neo-iomchaidh

Ùine — 2 uair agus 20 mionaid

Comharran gu lèir — 80

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 25 comharra

Feuch AON phàirt.

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharra

Feuch AON phàirt.

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Feuch AON phàirt.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* S 8 7 2 7 5 1 1 *

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA

PÀIRTEAN

- A. Cogaidhean na Saorsa, 1286–1328 *duilleagan 04–05*
- B. Màiri, Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh, 1542–1587 *duilleagan 06–07*
- C. Cùmhnant an Aonaidh, 1689–1715 *duilleagan 08–09*
- D. Imrich agus Ìmpireachd, 1830–1939 *duilleagan 10–11*
- E. Linn a’ Chiad Chogaidh Mhòir, 1900–1928 *duilleagan 12–13*

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN

PÀIRTEAN

- A. Cruthachadh nan Rìoghachdan Meadhan-aoise, 1066–1406 *duilleagan 14–15*
- B. Cogadh nan Trì Rìoghachdan, 1603–1651 *duilleagan 16–17*
- C. A’ mhalairt ann an daoine Afraganach fo thràillealachd, 1770–1807 *duilleagan 18–19*
- D. Breatainn ag atharrachadh 1760–1914 *duilleagan 20–21*
- E. A’ Dèanamh Breatainn Nuadh, 1880–1951 *duilleagan 22–23*

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL

PÀIRTEAN

- A. A’ Chrois agus an Corran: Cogaidhean na Croise, 1071–1192 *duilleagan 24–25*
- B. ‘Tì agus Saorsa,’: Ar-a-mach Ameireagaidh, 1774–1783 *duilleagan 26–27*
- C. SA 1850–1880 *duilleagan 28–29*
- D. Hitler agus a’ Ghearmailt Nadsaidheach, 1919–1939 *duilleagan 30–31*
- E. A’ Bhratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921 *duilleagan 32–33*
- F. Mussolini agus Eadailt nam Faisisteach, 1919–1939 *duilleagan 34–35*
- G. Soar mu dheireadh? Còraichean Catharra sna SA 1918–1968 *duilleagan 36–37*
- H. Sìtheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, 1918–1939 *duilleagan 38–39*
- I. An Dàrna Cogadh Mòr, 1939–1945 *duilleagan 40–41*
- J. An Cogadh Fuar, 1945–1989 *duilleagan 42–43*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Pàirt A — Cogaidhean na Saorsa, 1286–1328

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho theacs-leabhar a sgrìobh nuadh eachdraiche ann an 2011.

Stòr A

Rinn Iain Balliol a-mach gun robh an còir as làidire aigesan gu bhith na Rìgh na h-Alba. Bha Balliol a' cur seo air adhart seach gun robh e bho shìol na h-ìghne bu shine a bh'ann an teaghlach Dhaibhidh, Iarla Huntingdon, bràthair Rìgh Uilleam an Leòmhann. A rèir Balliol cha robh diofar ann gum buineadh e do ghinealach a bha na b' òige na Brus seach gun robh lagh fiùdalach prìomh-ghineadas a' cur taic ris an loidhne a bu shine san teaghlach. Bha Raibeart Brus a' dèanamh a-mach gur e esan an ath Rìgh a bu chòir a bhith ann. A rèir Brus cha robh lagh fiùdalach prìomh-ghineadas a' buntainn ri rìoghachdan.

1. Dèan luachadh air cho feumail is a tha **Stòr A** mar fhianais air duilgheadas còir-sheilbh às dèidh bàs Maighdeann Nirribhidh. 5
(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, cò sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)
2. Mìnich na h-adhbharan airson gun dh'fhàilig Iain Balliol mar Rìgh na h-Alba. 6
3. Thoir cunntas air a' ghnìomhachd aig Uilleam Uallas ann an Cogaidhean na Saorsa. 4

Tha **Stòr B** a' mìneachadh buaidh na h-Albanaich aig Blàr Allt a' Bhonnaich.

Stòr B

Chaidh ullachaidhean faiceallach a' Bhrusaich mu choinneamh cogadh a mhilleadh nuair a ghluais Eideard II an t-arm aige gus ionnsaigh a thoirt bhon ear agus chan ann bho dheas. Ach, cha tug seo àite gu leòr dhan arm mhòr Shasannach gluasad, oir bha iad cuartaichte le boglaichean is sruthain. Chodhùin Brus brath a ghabhail air a' mhearachd seo agus thug e ionnsaigh orra. Bha na Sasannaich cho dlùth ri chèile agus cho troimh-a-chèile 's gun robh e doirbh dha na ceannardan aca dìon sam bith a chur air dòigh. Chaill iad misneachd gu tur ann an Eideard II airson mar a stiùir e iad don rìbe seo.

4. Dè cho math 's a tha **Stòr B** a' mìneachadh carson a bha e comasach do na h-Albannaich Blàr Allt a' Bhonnaich a bhuannachadh? (Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.) 6

Tha **Stòran C** agus **D** a' toirt iomradh air taic do Raibeart Brus ann an 1320.

Stòr C

Ann an Glaodhach Obar Bhrothaig, bha uaislean na h-Alba a' mìneachadh dhan Phàp carson a bha a h-uile Albannach den bheachd gur e Raibeart Brus an rìgh dligheach aca. Bha iad ag agairt gun robh fuil rìoghail aig Brus. Bha e air taic mhuinntir na h-Alba a chosnadh le a chuid ghnìomhachd. A bharrachd air an sin, bha iad ag agairt gun robh iad ga iarraidh mar rìgh oir, le bhith a' dìon Alba bho bhith fo smachd Shasainn, bha e air dearbhadh gun robh e airidh air a bhith na Rìgh na h-Alba.

Stòr D

Eadhon fhad 's a bhathas a' sgrìobhadh Glaodhach Obar Bhrothaig, bha cuid de dh'uaislean na h-Alba an sàs ann an cuilbheart an-aghaidh Raibeirt Bhrus. Bha iad a' faireachdainn gur e burraidh cruaidh a bh'ann a bha air a cho-dheuchainnaiche a mharbhadh ann an eaglais agus mar sin nach robh e airidh air a bhith na Rìgh na h-Alba. Bha uaislean Albannach eile ag agairt gun robh na ceanglaichean cinnidh aca fhèin na b'fhaisge air teaghlach rìoghail na h-Alba na Raibeart Brus. Dh'adhbhraich na h-eas-aontan sin duilgheadasan ann an Alba.

5. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran C** agus **D** a thaobh taic do Raibeart Brus ann an 1320.

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 14]

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 25 comharra

Pàirt B – Màiri, Banrigh na h-Alba, agus an t-Ath-leasachadh, 1542–1587

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

6. Thoir cunntas air tachartasan an 'Rough Wooing'.

4

Tha **Stòr A** a' mìneachadh sgaoileadh a' chreideimh Phròstanaich air feadh na h-Alba anns na 1540n agus na 1550n.

Stòr A

Annas a' Ghearmailt, bha beachdan Màrtainn Luther air iomairt an Ath-leasachaidh a thòiseachadh. Thòisich cuid de dh'Albannaich a' cur sìos air teagaisgean na h-Eaglaise Caitligeiche. Fhad's a bha an 'Rough Wooing' a' dol air adhart bha ionnsaighich Shasannaich air a bhith a' dèanamh tuilleadh brosnachaidh air an seo. Chaidh seo a dhèanamh le bhith a' sgaoileadh eadar-theangachaidhean Beurla den Bhìobaill a chuidich Pròstanachd gu bhith a' sìor fhàs ann an Alba. Lean an Eaglais Chaitligeach oirre le bhith a' cleachdadh a' Bhìobaill Laidinneach. Bha bileagan cràbhaidh, a chaidh an toirt a-steach a dh'Alba os ìosal às an Roinn Eòrpa, cuideachd a' sgaoileadh bheachdan Phròstanaich. Choisinn na 'Laoidhean Math is Diadhaidh' iarrtas airson nam beachdan sin, a' brosnachadh sgaoileadh Phròstanachd air feadh na h-Alba.

7. Dè cho math 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh sgaoileadh Pròstanachd air feadh na h-Alba anns na 1540n agus na 1550n?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn cho math sa bha Màiri, Banrigh na h-Alba air a bhith a' riaghladh ann an Alba.

Stòr B

Thill Màiri a dh'Alba mar Bhanrigh ann an 1561. Bha Màiri na Caitligeach a bha a' creidsinn gur e ise a bu chòir a bhith a' riaghladh ann an Sasainn an àite a co-ogha Pròstanaich, Ealasaid. Rinn i dearmad air riaghaltas na h-Alba. Bha Màiri toilichte a bhith a' fàgail riaghladh na dùthcha aig buidheann de dh'uaislean Pròstanaich. A dh'aindeoin gur e Caitligeach a bh'ann am Màiri cha robh ach glè bheag de dh'ùidh aice ann an cùisean cràbhach ann an Alba.

Stòr C

An toiseach bha Màiri air a bhith a' riaghladh gu soirbheachail ann an Alba. Bha sin fìor gus na leig i leatha fhèin a dhol far a cinn le bhith a' pòsadh a co-ogha a rugadh ann an Sasainn, am Morair Darnley. Bha i air na h-uaislean Pròstanach a thug dùbhlàn don ùghdarras aice a ruagadh agus bha i air riaghaltas soirbheachail a stèidheachadh fo smachd a leth-bhràthair Moray. Bha Màiri na Caitligeach a bha gu math daingeann, ach cho-dhùin i gum fulaingeadh i eaglais ùr Phròstanach na h-Alba.

8. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran B** agus **C** mu cho math 's a bha Màiri, Banrigh na h-Alba a' riaghladh Alba.

4

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr D** bho theacs-leabhar a sgrìobh nuadh eachdraiche ann an 2007.

Stòr D

Bha cuid de dh'Albannaich nach robh dìreach airson gum biodh iad air an riaghladh le boireannach, oir bha iad a' creidsinn gur e dìreach fir a bu chòir a bhith ann an ùghdarras. Sgrìobh Iain Knox leabhar a bha an-aghaidh boireannaich a bhith ann an ùghdarras. Bha cuid eile amharasach mu chreideamh Màiri, seach gun robh i na Caitligeach, agus mar sin bha iad cuideachd na h-aghaidh. Aig an àm sin anns an Roinn Eòrpa, bha cumhachd aig luchd-riaghlaidh co-dhùnadh dè an creideamh a bhiodh aig an dùthaich. Aig a' cheann thall, thug leth-bhràthair Màiri, Iarla Mhoireibh, oirre a dreuchd a leigeil dhith agus a pàiste-mic a h-àite a ghabhail.

9. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr D** mar fhianais air an adhbhar a chaill Màiri Banrigh na h-Alba a cuid ùghdarrais air Alba ann an 1567.

5

(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

10. Mìnich na h-adhbharan airson gun deach Màiri Banrigh na h-Alba a chur gu bàs ann an 1587

6

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 14]

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 25 comharra

Pàirt C - Cùmhnant an Aonaidh, 1689–1715

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

11. Mìnich na h-adhbharan airson gun dh' fhàs an càirdeas eadar Alba agus Sasainn na bu mhiosa eadar 1689 agus 1707.

6

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn seasamhan Albannach mu choinneimh Aonaidh so-dhèanta nam Pàrlamaidean.

Stòr A

Thòisich deasbad làidir a thaobh cuspair Aonaidh nam Pàrlamaidean eadar Alba agus Sasainn. Bha luchd-taic an Aonaidh ga fhaicinn mar dhòigh air fuasgladh fhaighinn air Còir-sheilbh Phròstanach agus a bhith dùnadh an dorais air tagraiche Seumasaich airson an rìgh-chathair. Cha robh dragh orra mu bhith a' sireadh dàimh na bu dlùithe ri Sasainn. Chuireadh Aonadh stad air a' chunnart gum biodh cogaidhean eadar Alba agus Sasainn san àm ri teachd. Bha Albannaich eile a' faicinn nam buannachdan eaconamach a bhiodh an cois faighinn gu coloinidhean Shasainn.

Stòr B

Bha mòran de dh'Albannaich an aghaidh a bhith an sàs le Aonadh leis 'An t-Seann Nàmhaid'. Bha seo mar thoradh air linntean de dhroch fhaireachdainn eadar an dà dhùthaich. Bha eagal orra gum biodh eaconamaidh na h-Alba air a mhilleadh le bathar saor a' sruthadh a-steach à Sasainn. Bha na Seumasaich a' brosnachadh dùbhlàn an-aghaidh an Aonaidh le dòchas gum faigheadh iad an rìgh acasan air ais air an rìgh-chathair. Thòisich iad a' togail athchuingean an aghaidh an Aonaidh agus loisg iad leth-bhreacan den Chùmhnant gus dùbhlàn a thoirt don Aonadh.

12. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran A** agus **B** mu sheasamhan Albannach an aghaidh Aonadh so-dhèanta nam Pàrlamaidean.

4

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

13. Thoir cunntas air an aimhreit ann an Dùn Èideann agus pàirtean eile de dh'Alba a thaobh Cùmhnant so-dhèanta an Aonaidh.

4

Tha **Stòr C** a' mìneachadh an adhbhar nach robh e comasach do nàimhdean Cùmhnant an Aonaidh stad a chur air bho bhith ga chur an gnìomh.

Stòr C

An toiseach, bha mòran dhaoine, fad is farsaing, ann an Alba a' cur an aghaidh an Aonaidh. Aig stiùir an dùbhlain anns a' Phàrlamaid bha Diùc Hamalton a dh'fhaodadh a bhith air cothrom fhaighinn a bhith na rìgh nam biodh Alba agus Sasainn air sgaradh. Ach bha Hamalton mì-chinnteach agus neo-earbsach. Aon oidhche, gun rabhadh, dh'atharraich e inntinn gu h-obann. Bha mòran den bheachd gun robh Hamalton, mar a bha cuid eile, air a bhrìeadh gus taic a thoirt don Aonadh. Dh'fhàg dol a-mach Hamalton luchd-dùbhlain an Aonaidh troimh-chèile. Cha robh e comasach do luchd-dùbhlain an Aonaidh faighinn seachad air na dòighean borb a bha luchd-taic an Aonaidh a' cleachdadh.

14. Dè cho math 's a tha **Stòr C** a' mìneachadh an adhbhair nach robh luchd-dùbhlain an Aonaidh comasach air stad a chur air bho bhith air aontachadh?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

Tha **Stòr D** bho theacs-leabhar a sgrìobh nuadh eachdraiche ann an 1994.

Stòr D

A thaobh a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba às dèidh an Aonaidh, cha tàinig mòran atharrachaidh nam beatha. Ach bha cuid dhiubh mì-thoilichte. Bha Eaglais na h-Alba air a h-uabhasachadh nuair a chaidh pàtranachd a thoirt air ais don eaglais agus gun robhas gu bhith a' gabhail ri Easbaigich. Taobh a-staigh beagan bhliadhnaichean thàinig atharrachaidhean susbainteach eile. Bha mòran de dh'Albannaich den bheachd gun robh na h-atharrachaidhean sin a' briseadh chumhaichean Cùmhnant an Aonaidh. Bha iad mì-thoilichte nuair a chaidh Cìs na Braiche a thoirt a-steach seach gum faodadh seo droch tharbhadh adhbhrachadh.

15. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr D** mar fhianais air na h-adhbharan airson mì-thoileachas ann an Alba a thaobh an Aonaidh.

5

(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 14]

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 25 comharra

Pàirt D - Imrich agus Ìmpireachd, 1830–1939

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a ghluais mòran de mhuinntir na h-Èireann a dh'Alba eadar 1830 agus 1939.

Stòr A

Am measg an fheadhainn a ghluais a dh'Alba, thàinig a' bhuidheann as motha de dh'in-imrichean à Èirinn. Mar thoradh air gort a' bhuntàta ann an Èirinn ann am meadhan nan 1840an thàinig àrdachadh mòr air an àireamh a ghluais a dh'Alba. Ghluais cuid eile a dh'Alba seach gun robh uachdarain a' fuadach an fheadhainn nach b' urrainn am màl a phàigheadh. Bha cosgaisean siubhail saor agus mar sin bha e furasta siubhal gu Alba. Bha na h-Èireannaich air an tàladh gu taobh an iar na h-Alba seach gun robh tuarastalan na b' àirde na bha iad ann an Èirinn. Ach, mus tàinig deireadh an 19mh linne cha b' e dìreach na h-Èireannaich a bha air an tàladh a dh'Alba.

16. Dè cho math 's a tha **Stòr A** a' mìneachadh carson a ghluais mòran de dh'Èireannaich a dh'Alba eadar 1830 agus 1939? 6
- (Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

17. Mìnich mar a fhuair Alba buannachd bhon Ìmpireachd eadar 1830 agus 1939 4

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn seasamhan Albannach a thaobh in-imrich nan Èireannach.

Stòr B

Mus tàinig meadhan an naoidheamh linne deug bha mòran de dh'in-imrich Èireannach air tuineachadh ann an sgìre Ghlaschu. Bha pàipearan-naidheachd dealasach airson a bhith a' toirt cunntas air gnìomhachd fhòirneartach anns an robh buidhnean de dh'fhìr Èireannach an sàs. Bhathas cuideachd a' cur a' choire orra airson a bhith salach agus a bhith a' sgaoileadh ghalar. Thàinig cuid de dh'fhìr is mhnathan Èireannach a dh'Alba agus bhiodh iad ag obair airson pàirt den bhliadhna agus an uairsin a' tilleadh dhachaigh. Ach bhathas a' cur air cuid de dh'Èireannaich eile gun robh iad ro leisg airson obair agus gun robh iad an urra ri carthannas.

Ann an naoidheamh linn deug thàinig mòran de dh'Èireannaich a dh'Alba gus faighinn air falbh bhon bhochdainn a bha aig an taigh. Nuair a thàinig iad a-null an toiseach, bha iad, sa chumantas, gu math glan. Cha mhòr nach eil a h-uile Èireannach ann am Pàislig bochd agus chan eil cuimhne agam ach air aon cheannaiche a bha à Èirinn. Ach nuair a tha feum air luchd-obrach, tha na h-Èireannaich an-còmhnaidh deònach obair chruaidh a dhèanamh airson an cuid pàighidh. Ged a bhios iad a' fuireach anns na taighean as miosa, tha deagh chliù aca agus bidh iad gan giùlain fhèin gu math.

18. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn seasamh mhuintir na h-Alba a thaobh in-imrich Èireannach.

4

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr D** bho theacs-leabhar a sgrìobh nuadh eachdraiche ann an 1992.

Stòr D

Bha Albannaich gu math coltach ri eilthirich eile ann an eachdraidh leis gum biodh iad a' gluasad thall thairis airson adhbharan eaconamach. Bha tuathan aig mòran de dh'Albannaich a dh'fhaodadh iad a reic gus airgead a thogail airson às-imrich. Bha ùidh aig dùthchannan leithid Canada ann a bhith a' tàladh Albannaich. Aon uair 's gun robh iad stèidhichte, bha mòran de dh'in-imrich toilichte cuideachadh a thoirt do chàirdean a thighinn còmhla riutha. Bha an turas sin na b'fhasa agus na bu shaoire nuair a thàinig bàtaichean smùide a bha na bu luaithe agus na b'èifeachdaiche. B'e dìreach mu chairteal de dh'Albannaich a thill dhachaigh; rinn a' mhòr-chuid beòshlainte na b' fheàrr thall thairis.

19. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr D** mar fhianais air an adhbhar gun robh e comasach do mhòran Albannaich às-imrich a dhèanamh eadar 1830 agus 1939.

5

(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

20. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh uidhir de dh' Albannaich cho soirbheachail anns na dùthchannan don deach iad air imrich.

6

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 14]

ROINN 1 — CO-THEACSAICHEAN: ALBA — 25 comharra

Pàirt E — Linn a' Chogaidh Mhòir, 1900–1928

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

21. Thoir cunntas air mar a chaidh teicneòlas a chleachdadh air Aghaidh an Iar anns a' Chiad Chogadh Mhòr.

4

Tha **Stòr A** bho theacs-leabhar a sgrìobh nuadh eachdraiche ann an 1984.

Stòr A

San Lùnastal 1914, thug a' Phàrlamaid aonta do dh'Achd Dìon na Rìoghachd. Leig seo leis an Riaghaltas casgan sam bith a bha riatanach a thoirt a-steach airson an dùthaich a dhìon tro àm a' chogaidh. Chaidh Uair Shamhraidh Bhreatainn a thoirt a-steach gus barrachd uairean-obrach ann an solas an latha fhaighinn. Chaidh uairean-fosglaidh thaighean-seinnse a ghearradh gus bacadh a chur air misg. Chaidh a dhearbhadh gu sgiobalta gun robh daoine a bha den bheachd, ann an 1914, nach biodh mòran buaidh air beatha muinntir Bhreatainn, ceàrr. Mar thoradh air na chaidh a chall air Aghaidh an Iar chaidh dleastanas-airm a thoirt a-steach, agus thug seo air fir eadar 18 is 41 nach robh pòsta a dhol do fheachdan an airm.

22. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr A** mar fhianais air smachd an Riaghaltais air beatha làitheil ann an Breatainn tron chogadh.

5

(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn a' bhuaidh a bh'aig a' Chiad Chogadh air cothroman-obrach do bhoireannaich.

Stòr B

Bha boireannaich ag iarraidh gum biodh iad an sàs anns a' Chiad Chogadh bhon toiseach. Bho thòisich an cogadh chaidh àireamh luchd-obrach boireann suas mar a bha na fir a' dol a-steach don airm. B'e Glaschu a' chiad baile-mòr ann am Breatainn a thòisich a' fastadh boireannaich mar dhràibhearan thramaichean. Leis gun robh an dleastanas aca cho deatamach anns a' chogadh chuidich seo le bhith a' toirt atharrachadh air an dòigh anns an robh daoine a' beachdachadh air boireannaich. Nuair a chrìochnaich an cogadh, leig mòran boireannaich seachad na h-obraichean aca gu saor-thoileach dha fir a thill bhon chath.

Stòr C

Dha boireannaich gu sònraichte, thug a' Chiad Chogadh Mhòr mòran atharrachaidhean a-steach. Aig toiseach a' chogaidh, bha na mìltean de boireannaich gun obair. A dh'aindeoin na chuir boireannaich ri oidhirp a' chogaidh, cha do dh'atharraich na beachdan domhainn a bha aig mòran dhaoine mu àite boireannaich. Aig deireadh a' chogaidh bha grunn phàipearan-naidheachd a' cur sìos air boireannaich a bha ag obair. Bha mòran boireannaich a bha ag iarraidh na h-obraichean aca a chumail ach nuair a sguir an t-sabaid, chaidh mòran boireannaich a chur a-mach às na dreuchdan aca.

23. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran B** agus **C** air a' bhuidh a bha aig a' Chiad Chogadh Mhòr air cothroman-obrach airson boireannaich.

4

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr D** a' mìneachadh nan adhbharan airson crìonadh ghnìomhachasan na h-Alba anns na 1920n.

Stòr D

Ron Chiad Chogadh Mhòr, bha eaconamaidh na h-Alba gu mòr an urra ris na gnìomhachasan traidiseanta. Nuair a chrìochnaich an cogadh, chaidh an t-iarrrtas airson loingeis-chogaidh a bhithear a' togail air a' Chluaidh sìos gu mòr. Mar thoradh air a' chrìonadh seo ann an togail shoithichean anns na 1920n thàinig droch bhuidh air gnìomhachasan iarainn is stàilinn. Bha mòran de na companaidhean air a bhith an urra ri togail shoithichean airson nan òrdughan aca. A dh'aindeoin barrachd farpais bho thall thairis, cha deach luchd-saothrachaidh na h-Alba ann an sealbh theicneòlais ùr. Cha robh e na iongnadh nuair a bha margaidhean thall thairis a chaidh a chall tron chogadh, a-nis airson leantainn orra le na solaraichean ùra aca.

24. Dè cho math 's a tha **Stòr D** a' mìneachadh nan adhbharan airson crìonadh ghnìomhachasan na h-Alba anns na 1920n?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

25. Mìnich na h-adhbharan airson gun choisinn boireannaich a' bhòt ann an 1918.

6

[A-nis theirig gu ROINN 2 a' tòiseachadh air duilleag 14]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharra

Pàirt A — Cruthachadh nan Rìoghachdan Meadhan-aoise, 1066–1406

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d'fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho chroinich a sgrìobh sagart Uilleim ann an 1077.

Stòr A

Chaidh Uilleam gu diofar phàirtean den rìoghachd ùr aige. Ge bith càite an deach e, bha na daoine a' gèilleadh dha. Chaidh na h-larlan Sasannach a bha air fhàgail an daingneachadh nam fearainn agus anns na tiotalan aca. Is e glè bheag de spàirn a nochd an sluagh dùthasach. Gus faighinn seachad air an seo, thòisich na morairean dìleas Nòrmannach aige air prògram togail chaistealan gus an cuid grèim a chumail air an rìoghachd. Thug e seachad fìofan beairteach do na fir a thug e a-null às an Fhraing ach cha robh Frangach a' faighinn dad a chaidh a thoirt gu mì-laghail bho Shasannach.

26. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr A** mar fhianais air oidhirpean Uilleim airson smachd a chumail air Sasainn an dèidh 1066. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)
27. Gu dè an ìre a bha coirbteachd ann an siostam a' cheartais mar an duilgheadas bu mhothaa bha fa chomhair Eanraig II? 9
- (Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)
28. Mìnich na h-adhbharan airson an Eaglais a bhith cudromach anns na Meadhan Aoisean. 6

Tha Stòr B a' toirt cunntas air buaidhean a' Bhàis Dhuibh air Sasainn.

Stòr B

Bhàsaich aon a-mach à triùir de dh'àireamh-sluaigh Shasainn. Nam biodh an aon uimhir de dhaoine a bhàsaich mar thoradh air am Bàs Dubh ann an Sasainn air a bhith air an glacadh leis an-diugh, bhiodh timcheall air 17 millean neach a' bàsachadh. Bha na Morairean, a bha an urra ri na cosnaichean-tuatha airson an cuid fearainn àiteachadh, fo chruaidh-fheum an gleidheadh. Bha seo a' ciallachadh gun tàinig air na Morairean barrachd a phàigheadh airson gach cosnaiche-tuatha a chumail air an fhearann aca. Bha an gainnead-obrach a' ciallachadh gun robh barrachd iarrtais air an son, agus mar sin dh'fhàg cuid de chosnaichean-tuatha fearann a' Mhorair aca airson barrachd pàigheadh fhaighinn an àite eile..

29. Dè cho math 's a tha Stòr B a' toirt cunntas air buaidh a' Bhàis Dhuibh air Sasainn?
(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 24]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharra

Pàirt B — Cogadh nan Trì Rìoghachdan, 1603–1651

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d'fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

30. Gu dè an ìre gu robh gearanan ionmhais mar a' phrìomh adhbhar airson còmhstri eadar an Rìgh Seumas I agus a' Phàrlamaid? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)
31. Mìnich na h-adhbharan airson nach robh meas aig daoine air Teàrlach I ann an Alba eadar 1629 agus 1640. 6

Tha **Stòr A** bho litir a chaidh a sgrìobhadh le Sir Iain Eliot, Ball Pàrlamaid, anns na 1630n.

Stòr A

B'è droch-chomharra a bh'ann gun robh a' chiad Phàrlamaid aig Teàrlach a' coinneachadh aig an aon àm ris a' phlàigh uabhasach a thòisich ann an Lunnainn. Bha Buill Pàrlamaid a' gearain gun robh cumhachan pòsaidh Theàrlaich a' toirt a-steach gèillidhean do Chaitligich Shasainn nach robh taitneach. A bharrachd air an sin bha sinn amharasach a thaobh poileasaidh cèin Theàrlaich a bha a' ciallachadh gun robh a' Phàrlamaid mì-riaraichte mu bhith a' toirt maoin eachadh dha. Dh'fheuch an Rìgh na b'urrainn dha a dhèanamh gus brath a ghabhail air a' Phàrlamaid. Cha do chuir sin stad orm bho bhith cur sìos gu dubh air aon de na rudan a b'fheàrr le Teàrlach, an droch làimhseachadh a rinn Buckingham air cuairt Chadiz.

32. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr A** mar fhianais air an dùbhlán ann an Sasainn an-aghaidh rìoghachadh Rìgh Teàrlach I. 5
(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air na tachartasan eadar 1640 agus 1642 a dh'adhbhraich gun thòisich an cogadh sìobhalta.

Stòr B

Ghairm Teàrlach a' Phàrlamaid anns a' Ghiblean 1640. Chuir e às dhaibh an uairsin seach gun dhiùlt BP na bha e ag iarraidh a thoirt dha. Anns an t-Samhain 1640 thàinig air Teàrlach a' Phàrlamaid a ghairm air ais. Cha d' fhuair e a dh'aindeoin sin an t-airgead a bha e ag iarraidh. Fhuair Teàrlach droch chàineadh anns a' Phàrlamaid bho Pym agus BP Piùratanach eile co-cheangailte ri na poileasaidhean cràbhach aige. Anns a' Chèitean 1641 thog a' Phàrlamaid casaid an aghaidh Àrd-mhinistear an Rìgh, Strafford, a thaobh brathaidh agus chroch iad e. Bha mòran de BhP mì-thoilichte leis an dòigh anns na chuir Pym car san lagh airson Stafford a chrochadh, agus dh'adhbhraich seo tuilleadh buairidh anns a' Phàrlamaid.

33. Dè cho math 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air na tachartasan eadar 1640 agus 1642 a lean gu toiseach a' chogaidh chatharra?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 24]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharra

Pàirt C — A' mhalairt ann an daoine Afraganach fo thràillealachd, 1770–1807

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d'fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho leabhar-latha a sgrìobh dotair air 'long tràillealachd' ann an 1788.

Stòr A

Dh'adhbhraich aimsir fhliuch is ghaothach gun deach tuill an taoibh chli a dhùnadh. Dh'adhbhraich seo a' bhuinneach agus fiabhrasan am measg nan tràillean. Chaidh mi sìos fon deac gu tric nam measg. Às dèidh beagan ùine dh'fhàs na seòmraichean cho teth agus nach robh e comasach sin a ghiùlain ach airson glè bheag de dh'ùine. Bha an làr san àite far an robh na tràillean nan laighe còmhdaichte le fuil agus a' bhuineach a thàinig bhuapa mar thoradh air an tinneas a bha orra. Bha e coltach ri taigh-spadaidh.

34. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr A** mar fhianais air an t-suidheachadh a bha mu choinneamh Afraganaich fo thràillealachd tron 't-Seòlaidh Mheadhanach'. (Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

5

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air buaidh a' mhalairt ann an Afraganaich fo thràillealachd air na h-eileanan Caraibeach.

Stòr B

Bha buaidh fad-ùine aig malairt ann an Afraganaich fo thràillealachd air na h-eileanan Caraibeach. Bha Afraganaich fo thràillealachd na bu lìonmhoire nan t-sluagh gheal gu ìre 20 gu 1 agus chuir seo an t-eagal air na daoine geala gun seasadh na daoine Afraganach an aghaidh an tràillealachd. Mar thoradh air an eagal seo a thaobh oidhirpean Afraganaich fo thràillealachd an saorsa fhaighinn chaidh siostam laghail a thoirt a-steach a thug taic do thràillealachd. Chaidh laghan a thoirt a-steach a leig leis na luchd-seilbh Afraganaich fo thràillealachd gus am peanasachadh gu brùideil no eadhon an cur gu bàs. Bha Afraganaich fo thràillealachd deatamach airson a bhith ag obair air na planntachasan. Le bhith a' cur cuideam air saothrachadh an t-siùcair rinn seo milleadh seasmhach air eaconamaidh lameuga.

35. Dè cho math 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air a' bhuidh a bh'aig na malairt ann an Afraganaich fo thràillealachd air na h-eileanan Caraibeach? 6
(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)
36. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh e duilich dha Afraganaich fo thràillealachd strì a dhèanamh air na planntachasan. 6
37. Dè an ìre gu robh Olaudah Equiano mar phrìomh adhbhar airson soirbheachas na h-iomairt dìtheachais? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 24]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharra

Pàirt D — Breatainn ag atharrachadh, 1760–1914

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d'fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

38. Dè an ìre gu robh adhartasan lèigheil mar phrìomh adhbhar airson adhartas ann an slàinte ro 1900?

9

(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air a' bhuidh a bha aig factaraidhean air suidheachadh-obrach luchd-obrach chlòtha.

Stòr A

Fhuair daoine a bha cleachte ri bhith ag obair nan dachaighean fhèin a-mach gun robh obair ann am factaraidh gu math eadar-dhealaichte. Bhiodh na h-innealan dealain a' dol uair às dèidh uair agus bha e duilich do mhòran luchd-obrach cumail suas riutha. Bha riaghailtean gu math teann aig sealbhaichean agus dh'fheumadh an luchd-obrach dèanamh na bhathas ag iarraidh orra a dhèanamh. Ach, cha robh dìth luchd-obrach ann a bha ag iarraidh obair anns na factaraidhean. Mar bu trice, bha na tuarastalan na b' fheàrr na bha airson obair tuatha, ach a-mhàin nuair a bha am factaraidh ag obair. Ma bha gnothaichean slaodach bhithear a' pàigheadh an luchd-obrach dheth, agus cha bhiodh teachd a-steach idir aca.

39. Dè cho math 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air buaidh nam factaraidhean air suidheachadh-obrach luchd-obrach chlòtha?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

Tha **Stòr B** bho leabhar-latha innleadair rèile Albannach a chaidh a sgrìobhadh anns na 1840an.

Stòr B

Thàinig oirnn an loidhne gu Peairt a thogail air fearann a' Mhorair Seafield. Thuirt a' Bhana-mhorair Seafield rinn le cinnt gu robh fuath aice dhan rèile. 'Thug siubhal saor', arsa ise, 'uimhir de dhaoine gearanach còmhla.' Thuirt am Morair Seafield gum fuadaicheadh an rèile na cearcan fraoich air falbh bho na monaidhean aige. 'Co-dhiù', chùm e air, "dè thachradh dha na daoine a thathas air a bhith a' fastadh fad grunn bhliadhnaichean airson fiodh a fhleòdradh sìos Abhainn Spè chun mhuir. An deigheadh an rèile nan àite?"

40. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr B** mar fhianais air beachdan a thaobh togail an rèile ann an Alba san 19^{mh} linn. 5
- (Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)
41. Mìnich na h-adhbharan airson gun choisinn barrachd dhaoine a' bhòt ro 1867. 6

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 24]

ROINN 2 — CO-THEACSAICHEAN: BREATAINN — 26 comharra

Pàirt E — A' Dèanamh Breatainn Nuadh, 1880–1951

Feuch na **ceithir** ceistean a leanas a' cleachdadh d'fhiosrachadh fhèin agus fiosrachadh às na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** bho aithisg a sgrìobh rannsaiche sòisealta a thaobh suidheachadh Lunnainn ann an 1892.

Stòr A

Bha an togalach sgaoilte air feadh dà làr. A' fuireach ann an seòmar dà rùm air làr a' ghrunnd tha Fletcher, ceannaiche-siubhail, a bhean agus sianar chloinne. Ochd troighean ceàrnagach—is e sin meud cuibheasach mòran de na seòmraichean sin. Air a' chiad làr tha na teaghlaichean Lawson agus Bewley. Anns a' mhòr-chuid de na seòmraichean sin tha na ballaichean agus na mullaichean dubh le salchar. Anns na togalaichean sin tha e na chleachdadh cumanta a bhith lorg òtrachas a' ruith sìos nam ballachan.

42. Dèan measadh air cho feumail is a tha **Stòr A** mar fhianais air bochdainn ann am Breatainn anns na 1890n.

5

(Is dòcha gum bi thu airson beachd a thoirt air dè an **seòrsa** stòir a tha seo, **cò** sgrìobh e, **cuin** a sgrìobh iad e, **carson** a sgrìobh iad e, **na tha** iad ag ràdh no **nach eil** iad air a ràdh.)

Tha **Stòr B** a' toirt cunntas air a' chuibhreachaidh a bha anns na h-ath-leasachaidhean socharach aig na Libearalaich ann an 1906–1914.

Stòr B

Cha robh ann an ath-leasachaidhean nan Libearalach ach dìreach toiseach tòiseachaidh. Bha iad fada goirid air a bhith faighinn fuasgladh air gach duilgheadas. Is ann dìreach don neach-obrach a bha cùram lèigheil air a thoirt seachad, cha robh dad ann airson a bhean no a chloinn. Is ann dìreach airson beagan ùine a bha sochairean eile gu bhith rim faighinn. Cha robh na bhatas a' pàigheadh mar shochairean gu leòr airson bith-beò a dhèanamh. Chaidh Peinneanan Seann Aois a phàigheadh airson a' chiad uair ann an 1909. Ach seach nach robh am peinnean a' buntainn ach ri daoine a bha còrr air 70, bha mòran de sheann daoine nach robh fhathast a' faighinn cuideachadh sam bith.

43. Dè cho math 's a tha **Stòr B** a' toirt cunntas air cuibhreachadh ath-leasachaidhean socharach nan Libearalach ann an 1906-1914? 6
(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)
44. Mìnich na h-adhbharan airson gun tug an Riaghaltas Làbarach an Stàite-shochaire a-steach ann an 1948. 6
45. Dè an ìre gum b'è an NHS an ath-leasachadh sòisealta a bu bhuannachdaile a chaidh a thoirt a-steach leis an Riaghaltas Làbaraich às dèidh 1948? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

[A-nis theirig gu ROINN 3 a' tòiseachadh air duilleag 24]

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt A — A' Chrois agus an Corran: Cogaidhean na Croise, 1071–1192

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air cho cudromach 's a bha caistealan san dara linn deug.

Stòr A

Tro rìoghachadh Eanraig II, bha caistealan air an togail le clachan agus le ballaichean is tùir a bharrachd. Bha na caistealan sin nam prìomh ìomhaigh air cumhachd. Bha iad cuideachd nan ionadan rianachd anns gach baile. Bha an àireamh mhòr de sheòmraichean taobh a-staigh gach caisteil a' ciallachadh gun robh sin na dheagh bhunait don ghearastan ionadail a bhiodh a' toirt dìon don àite. Rè a' chogaidh shìobhalta chaidh mòran chaistealan a thogail gu mì-laghail. Ach cha robh teagamh sam bith ann nach robh iad feumail aig amannan ionnsaigh nuair a bha e comasach biadh, deoch agus solar eile a stòradh annta.

46. Dè cho math 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air cho cudromach 's a bha caistealan anns an dara linn deug?

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn na thachair do choimhearsnachdan lùdhach anns a' Chiad Chogadh-croise.

Stòr B

Às dèidh dìreach beagan sheachdainean de shiubhal, thachair Pàdraig an Aonaran agus a luchd-leantainn air coimhearsnachd lùdhach. Bha mòran de Shaighdearan na Croise bochd agus acrach agus mar sin thòisich iad a' goid biadh agus stuthan bho na h-lùdhaich. Leis gun robh Saighdearan na Croise den bheachd gur e nàimhdean Chrìosda a bha anns na h-lùdhaich, bha iad a' creidsinn gum faodadh iad an làimhseachadh mar a thogradh iad. Thug cuid air na h-lùdhaich an creideamh atharrachadh agus a bhith nan Crìosdaidhean. Mharbh cuid eile na h-lùdhaich, an aghaidh òrdughan Phàdraig an Aonaran.

Sòr C

Sgaoil fathann am measg Saighdearan na Croise gun deigheadh peacaidhean duine sam bith a mharbhadh lùdhach a mhaitheadh gu lèir. Anns a' bhad, thòisich arm Phàdraig an Aonaran a' toirt ionnsaigh air agus a' marbhadh fir, mnathan agus clann lùdhach. Ged a dh'fheuch cuid de na h-lùdhaich ri iad fhèin a dhìon, cha robh mòran de bhuill-airm aca agus rinnear a' chùis orra gu furasta. Anns an aimhreit a lean, chaidh taighean a chreachadh agus stuthan luachmhor a ghoid. Thàinig air na h-lùdhaich sin a fhuair às lem beatha an creideamh aca a chur air an cùl agus a bhith nan Crìosdaidhean.

47. Dèan coimeas eadar na beachdan a th' ann an **Stòran B** agus **C** a thaobh na thachair dha na h-lùdhaich tron Chiad Chogadh-croise. 4
(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
48. Dè an ìre gu robh sgaraidhean Muslamach mar phrìomh adhbhar airson soirbheachas a' Chiad Chogadh-croise? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)
49. Mìnich na h-adhbharan airson gun chaill Saighdearan na Croise smachd air Ierusalem ann an 1187. 6
50. Thoir cunntas air Blàr Iopa ann an 1192. 4

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt B — ‘Tì agus Saorsa,’: Ar-a-mach Ameireagaidh, 1774–1783

Feuch na còig ceistean a leanas a’ cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

51. Dè an ìre gu robh oidhirpean Bhreatainn teachd a-steach a thogail bho na coloinidhean mar phrìomh adhbhar airson gun thòisich Cogaidhean Neo-eisimeileach Ameireagaidh ann an 1775?

9

(Cleachd d’fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

52. Mìnich na h-adhbharan airson gun dh’fhan cuid de choloinichean dìleas do Bhreatainn tron chogadh.

6

Tha **Stòr A** a’ toir cunntas air an suidheachadh armachd Ameireagaidh ann an 1777.

Stòr A

Is e armailtean beaga a bha an sàs air gach taobh ann an Cogadh an Ar-a-mach. Gu math tric bha na feachdan Ameireaganach fo stiùir cheannardan a bha neo-èifeachdach, eadhon neo-chomasach, a rinn iomairtean cogaidh a bha troimh-a-chèile. Bha na fir a chruinnich ann am Boston èasgaidh. Ach, cha robh armachd mhath aca agus bha iad gann de ghoireasan. Cha robh aig ceannard Ameireagaidh, Seòras Washington, ach 5,000 saighdear làn-thìde. Bha a’ mhòr-chuid de na fir pàirt-ùine agus cha bhiodh iad a’ toirt seirbheis ach airson beagan mhìosan. Bha arm proifeiseanta Bhreatainn na bu mhotha ach cha robh e mòr gu leòr airson buaidh fhaighinn air na h-Ameireaganaich.

53. Dè cho math ’s a tha **Stòr A** a’ toirt cunntas air suidheachadh arm Ameireagaidh ann an 1777?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

54. Thoir cunntas air na rudan a thachair mus do ghèill Breatainn aig Saratoga ann an 1777.

4

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn nan tachartasan aig Blàr Yorktown.

Stòr B

Ann an 1781, ghluais Cornwallis a-steach do Bhirginia agus thòisich e ga stèidheachadh fhèin ann an Yorktown. Mus tàinig deireadh an t-samhraidh, bha suidheachadh Cornwallis ann an Yorktown a' crìonadh. Cha leigeadh feachdan Ameireagaidh leis gluasad a-steach air an dùthaich, agus bha cabhlach mòr Frangach le 3,000 saighdear air seòladh bho na h-Innseachan an Iar gus taic a thoirt don t-sèist. Cha robh dol às aig Cornwallis nuair a thug na Frangaich buaidh air cabhlach Bhreatainn aig Bàgh Chesapeake. Air 19 Dàmhair, ghèill Cornwallis leis an arm iomlan aige de 7,000 fear.

Stòr C

Gus an iomairt aige a chur air bhog ann am Bhirginia, rinn arm Cornwallis ruaigean, a' sàrachadh nan Ameireaganach cho tric 's a b' urrainn dha. San Lùnastal 1781, stèidhich feachdan Bhreatainn Cornwallis campa aig Yorktown. Ach, mar a thachair, b' e droch àite a bh' ann an Yorktown agus dh'fhàs an t-suidheachadh aige na bu mhiosa. Ghluais feachdan Ameireagaidh gu sgiobalta gus a chuirteachadh agus a chumail far an robh e. Cha b' urrainn dha na Breatannaich arm Cornwallis a chuideachadh gus teicheadh, no tuilleadh shaighdearan a thoirt a-steach.

55. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran B** agus **C** air na tachartasan aig Blàr Yorktown. (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

ROINN 3 — CO-THEACSAN EÒRPACH AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt C — SA 1850–1880

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

56. Mìnich na h-adhbharan airson gun ghluais tuinichean don Taobh an Iar às dèidh 1850. 6

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air nan tachartasan a dh'adhbhraich gun bhris an Cogadh Catharra a-mach.

Stòr A

Chaidh Co-rèiteachadh 1850 a chruthachadh le Eanraig Clay agus feadhainn eile gus dèiligeadh ris a' chothromachadh eadar stàitean stèidhichte air tràillealachd agus stàitean saora. B' e cùis eile a rinn an teannachadh na bu mhotha, Achd Kansas-Nebraska ann an 1854. Cheadaich seo tuilleadh leudachaidh chun an taoibh an Iar. B'ann ann an Kansas a thachair an fhìor chùis. Thòisich muinntir Mhissouri a bha airson tràillealachd a' taomadh a-steach gu Kansas gus a cuideachadh a bhith na stàit stèidhichte air tràillealachd. Thòisich strì mu thràillealachd eadhon air làr an t-Seanaidh. Fhuair Teàrlach Sumner, a bha ag iomairt an aghaidh tràillealachd, buille air a cheann bhon t-Seanadair Preston Brooks à Carolina a-Deas a bha airson tràillealachd.

57. Dè cho math 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na tachartasan a dh'adhbhraich gun bhris an Cogadh Sìobhalta a-mach? 6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

58. Thoir cunntas air obair Biùro Freedmen às dèidh 1865. 4

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn na thachair aig àm an Ath-thogail.

Stòr B

Chaidh mòran de thaighean sgoile a chur nan teine. Chaidh fuath a nochdadh dhan luchd-teagaisg sgoile coltach riumsa a bha a' teagaisg ann an sgoiltean airson clann Dhubha. Chaidh rabhadh a thoirt dha dà stiùiriche air bòrd sgoile gum bu chòir dhaibh am Bòrd fhàgail. Rinn aon dhiubh sin. Chaidh iad a-mach air an oidhche agus thug iad na rabhaidhean sin seachad. Fhad 's a bha iad gam sgiùrsadh dh'fhaighnich mi dhaibh dè a bha mi air a dhèanamh. Thuirt iad gun robh mi a' feuchainn ri na daoine Dubha sin a dhèanamh co-ionann ri na daoine geala; gur e dùthaich dha na daoine geala a bha an seo.

Stòr C

Bha am fòirneart a rinn na daoine geala ag amas chan ann dìreach air na daoine Dubha ach air duine sam bith a chuir taic ris an adhbhar aca. Bha luchd-teagaisg ann an sgoiltean airson daoine Dubha Ameireagaidh nam prìomh phàirt den seo agus bhathas gu tric gan cur fo eagal. B' ann air an oidhche mar bu trice a bhiodh na h-ionnsaighean sin a' tachairt: bhiodh iad a' pronnadh, a' gearradh agus a' muirt dhaoine Dubha. Bha leisg air daoine Dubha Ameireagaidh seasamh an aghaidh seo oir bha iad ag iarraidh gum biodh iad air am faicinn mar dhaoine sìtheil a bha a' cumail an lagha.

59. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran B** agus **C** air na thachair aig àm an Ath-thogail. 4
(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
60. Dè an ìre gu robh lorg an òir mar phrìomh adhbhar airson teanntachd fàsail eadar na h-Ameireaganaich Thùsanach agus na tuinichean geala? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt D — Hitler agus Gearmailt nan Nadsaidhean, 1919–1939

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

61. Thoir cunntas air tachartasan Beer Hall Putsch ann an 1923. 4
62. Dè an ìre gu robh mì-thoileachas le Poblachd Weimar mar phrìomh adhbhar airson mar a dh'èirich na Nadsaidhean gu bhith ann an ùghdarras ron Fhaoilleach 1933? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn beachdan Nadsach air cinneadh.

Stòr A

Cha robh teòiridh nan Nadsach idir tùsail eadhon ged a bha Hitler air a ràdh, ann am *Mein Kampf*, gur e fìrinn saidheansail a bha ann an eadar-dhealaichidhean eadar na cinnidhean. Cha b' urrainn argamaid a thogail an aghaidh a' bheachd gun robh muinntir Arianaich air taobh a tuath na Roinn Eòrpa uachdranach anns a h-uile dòigh. Cha b'è dìreach gun robh iad na bu làidire nam bodhaig ach cuideachd gun robh iad na b' innleachdaile. Bha e loidsigeach gum biodh daoine uachdranach mar seo a' gabhail smachd air gach cinnidh eile.

Stòr B

Ghabh an gnàth-ìomhaigh seo mu ghaisgeach bàn-fhuilte agus gorm-shùileach grèim mòr air mòran de Ghearmailtich òga a bha air an oideachadh gur e Arianaich na Gearmailt agus Lochlainn am Prìomh Chinneadh. A rèir brosnachadh nan Nadsach, a bha an-còmhnaidh a' cur cuideam air cho cudromach 's a bha 'fìor fhuil', bha rannsachadh bith-eòlach air dearbhadh gun robh eadar-dhealachadh ann eadar chinnidhean. Thug sin ùghdarras do na cinnidhean uachdranach sin airson a bhith a' riaghladh thairis air sluagh an t-saoghail.

63. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn nam beachdan a bh'aig nan Nadsaich a thaobh cinneadh. 4
(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
64. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh e cho duilich cur an aghaidh Riaghaltas nan Nadsach às dèidh 1933. 6

Tha **Stòr C** a' toirt cunntas air nan atharrachaidhean air foghlam anns a' Ghearmailt Nadsaidheach.

Stòr C

Bha mòran atharrachaidhean san sgoil. Thàinig cuid a-steach gun mòran mothachaidh, agus chaidh cuid eile a thoirt a-steach mar gum biodh le sgàil mòr trompaid nan cois. Cha do thog duine ceist mu na teacs-leabhraichean ùra aig na Nadsaich. A' cumail ri poileasaidhean foghlaim nan Sòisealach Nàiseanta, chaidh an àireamh de dh'amannan PE àrdachadh an àite foghlam cràbhach. Nuair a chaidh geamannan farpaiseach sa bhlàr a-muigh a chur ris a' churraicealam thuir an neach-teagaisg againn rinn, 'Is e seo a tha am Führer ag iarraidh dhuibh'. Aig toiseach a' chlas bha againn ri ar làmhnan a chur suas agus fàilte 'Heil Hitler!' a dhèanamh.

65. Dè cho math 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air atharrachaidhean ann am foghlam sa Ghearmailt Nadsaidheach?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt E — Bratach Dhearg: Lenin agus Ar-a-mach na Ruis, 1894–1921

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

66. Thoir cunntas air na dòighean a chleachd an Tsar gus smachd a chumail air an Ruis ro 1905. 4
67. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh ar-a-mach anns an Ruis anns an Fhaoilleach 1905? 6

Tha **Stòr A** a' toirt cunntas air nan ath-leasachaidhean a chaidh a thoirt a-steach san Ruis às dèidh Ar-a-mach 1905.

Stòr A

Leis gun robh ùpraid a' fàs a chuireadh an t-ùghdarras aige ann an cunnart, ghèill an Tsar agus dh'aontaich e ath-leasachaidhean a thoirt a-steach. Stèidhich Manifesto an Dàmhair pàrlamaid no Duma a bha air a thaghadh leis an t-sluagh. Thug e còraichean bunaiteach seachad cuideachd do mhuinntir na Ruis, leithid saorsa labhairt. Leig seo leis an Tsar smachd fhaighinn air ais air an dùthaich. Ann an 1906 chuir an Tsar Peter Stolypin ann an dreuchd mar Phrìomh Mhinistear. Leig na h-ath-leasachaidhean fearainn aige le luchd na dùthcha sealbh fhaighinn air an cuid fearainn. Stèidhich e cuideachd banca luchd-dùthcha airson iasadan a thoirt seachad gus an cuideachadh le bhith a' ceannach an cuid fearainn.

68. Dè cho math 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air na h-ath-leasachaidhean a chaidh a thoirt a-steach anns an Ruis às dèidh Ar-a-mach 1905? 6
- (Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

Tha **Stòran B** agus **C** mu dheidhinn a' bhuaidh a bh'aig a' Chiad Chogaidh air muinntir na Ruis.

Stòr B

Chan eil an luchd-obrach ann an sunnd tìr-ghràdhach. Tha cosgais àrd beòshlainte agus droch phoileasaidhean an riaghaltais air an sluagh a thionndadh an aghaidh a' chogaidh. Tha barrachd is barrachd stailcean air feadh na dùthcha. Tha prìsean air a dhol suas agus tha daoine mì-riaraichte. Tha e duilich biadh fhaighinn. Tha iad a' cur a' choire air an Tsar agus ag ràdh 'chan eil dragh aige gum faodadh sinn bàsachadh leis a' ghort'. Tha fuath aig na daoine air a' chogadh a-nis agus tha iad airson gun tig e gu crìch.

Stòr C

Rè a' mhòr-chuid den chogadh, bha bailtean-mòra na Ruis a' fulang le gainnead bìdh. Bha seo mar thoradh air sreath de dhroch fhogharan Cha do chuidich e gun deach raointean mòra de dh'fhearann beairteach a ghabhail thairis le na Gearmailtich. Bha a' ghainnead a' ciallachadh gun deach prìsean bìdh suas agus, ged thàinig àrdachadh ann an tuarastal luchd-obrach, cha robh sin cho àrd ris an atmhorachd a bha a' sìor fhàs. Mus tàinig 1917, bha luchd-obrach anns na bailtean ann an cunnart droch ghort agus chuir iad a' choire air an Tsar.

69. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran B** agus **C** air a' bhuaidh a bha aig a' Chiad Chogadh Mhòr air muinntir na Ruis. 4
(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
70. Dè an ìre gu robh ceannas Trotsky mar a' phrìomh adhbhar airson gun bhuannaich an t-Arm Dearg anns a' Chogadh Chatharra? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt F — Mussolini agus Eadailt nam Faisisteach, 1919–1939

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn na tachartasan a lean gu Mussolini air cumhachd a ghlacadh san Eadailt ann an 1922.

Stòr A

Bha cliù aig na feachdan Faisisteach airson fòirneart brùideil. Chuir seo Mussolini ann an suidheachadh far am b' urrainn dha dùbhlán a thoirt don riaghaltas, agus rinn e sin san iomairt ris an canar 'Caismeachd air an Ròimh'. Cho-dhùin an riaghaltas an t-arm a chur a-steach gus stad a chur air Mussolini. Ach, cho-dhùin an rìgh, Victor Emmanuel III, an àite an t-arm a chleachdadh, gun deigheadh gabhail ri tagraidhean Mhussolini. Mar sin chuir e e na cheannard air riaghaltas ùr Eadailteach.

Stòr B

Chuir na Sòisealaich agus na Comannaich stailc choitcheann an aghaidh nam Faisisteach air dòigh ach cha tug an sluagh taic dhaibh. Às dèidh na stailc, cho-dhùin Mussolini smachd a ghabhail air an riaghaltas agus chaidh e fhèin agus a luchd-leantainn air caisimeachd don phrìomh bhaile, an Ròimh. Mus do leig e dheth a dhreuchd, ghairm am prìomh mhinistear an t-arm a-mach nuair a chuartich na Faisistich an Ròimh. Ach, bha cus cuideim an seo airson rìgh na h-Eadailt agus dhiùlt e an t-arm a chleachdadh gus stad a chur air 'caisimeachd' Mhussolini.

71. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn an adhbhair a bha e comasach dha Mussolini ùghdarras a chosnadh san Eadailt ann an 1922.

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

Tha Stòr C a' toirt cunntas air cult Il Duce ann an Eadailt nam Faisisteach

Stòr C

Thòisich an cult ceannardais ann an Eadailt nam Faisisteach cho luath cha mhòr 's a fhuair Mussolini cumhachd ann an 1922. Ro dheireadh 1925, bha an t-àite aige mar Duce Faisisteachd agus Ceannard an Riaghaltais air fhaighinn le atharraichean san lagh. Tha deasbad theth air a bhith ann mu cheannas Mhussolini agus gu h-àraidh mun bhreithneachadh phoilitigeach aige. Gu cinnteach bha charisma agus tùr poilitigeach aig Mussolini a chuidich e gus cumhachd a chumail thairis air Faisisteachd agus air sluagh na h-Eadailt. Ach, b' ann timcheall air cleasachd agus propaganda a bha na prìomh thàlant an aige.

72. Dè cho math 's a tha Stòr C a' toirt cunntas air cult Il Duce ann an Eadailt nam Faisisteach? 6
(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)
73. Mìnich na h-adhbharan airson mòran de dh'Eadailtich a bhith mì-thoilichte le poileasaidhean eaconamach Mussolini. 6
74. Thoir cunntas air amasan poileasaidh cèin nam Faisisteach. 4
75. Dè an ìre gu robh eagal mar phrìomh adhbhar airson gun robh Mussolini comasach air faighinn seachad air dùbhlàn ann an Eadailt nam Faisisteach? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt G — Saor mu dheireadh thall? Còraichean Catharra sna SA 1918–1968

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

76. Dè an ìre gu robh eagal ar-a-mach mar phrìomh adhbhar airson gun dh'atharraich seasamh mòran de dh'Ameireaganaich a thaobh in-imrich às dèidh 1918? 9
- (Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn na dh'fhiosraich in-imrich anns na SA anns na 1920n.

Stòr A

Cha robh Eadailtich airson fearann a cheannach. Is e glè bheag a bha airson fuireach glè fhada ann an Ameireaga, agus bha iad airson tilleadh don Eadailt aon latha. Chaidh iad do na bailtean mòra far am biodh barrachd cothrom air obraichean fhaighinn. Shoirbhich le Eadailtich Ameireagaidh obraichean a lorg far nach robh feum air foghlam foirmeil, leithid sealbh air gnìomhachasan beaga. Ach, mar in-imrich eile, lorg iad dòighean eile airson beòshlainte a dhèanamh. Bha cothrom ann tro phoilitigs agus spòrs ceumannan a ghabhail a dh'ionnsaigh soirbheachais.

Stòr B

Bha an teaghlach agamsa a' fuireach ann am baile-mòr Chicago. Nuair a bha mi 14 bliadhna a dh'aois thòisich mi a' seachnadh na sgoile agus mar sin cha d'fhuair mi mòran de dh'fhoghlam oifigeil. Timcheall air an t-àm seo thionndaidh mi gu bhith a' goid. An uairsin chaidh sinn an sàs ann am prasan na bu shine oir ged nach robh iad ach 20 bliadhna a dh'aois bha iad an sàs ann an airgead mòr agus a' dràibheadh mun cuairt ann an càraichean spaideil. Thàinig m'athair à Monfalcone san Eadailt agus an-còmhnaidh bha dùil aige tilleadh air ais ann.

77. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran A** agus **B** mu na dh'fhiosraich in-imrich anns na SA tro na 1920n. 4
- (Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
78. Mìnich mar a thug laghan Jim Crow buaidh air Ameireaganaich Dhubha. 4
79. Mìnich na h-adhbharan airson gun tàinig fàs ann an iomairt nan còraichean catharra eadar 1945 agus 1968. 6

Tha **Stòr C** a' toirt cunntas air cho tarraingeach 's a bha na Pantaran Dubha dha mòran Ameireaganaich Dhubha.

Stòr C

Chaidh an t-ainm 'Pantar Dubh' a thaghadh seach gum bi pantar a' sabaid gu dian nuair a thèid a ghlacadh ann an oisinn. Bha iad ag agairt gun robh an t-àm ann a-nis airson Ameireaganaich Dhubha a dhìon bho ionnsaigheachd nan daoine geala. Nuair a thuirte Huey Newton rudan mar 'Cha robh na poileis a-riamh gar dìon', bha e a' nochdadh an neo-earbsa a bha mòran de dh'Ameireaganaich dhubha a' faireachdainn mu na poileis. Is e glè bheag de chreideas no de dh'fhoillseachadh a chaidh a thoirt do na prògraman fèin-chuideachaidh a bha na Pantaran Dubha a' cur air chois. A bharrachd air an sin, bha prògram deich-puing aca a bha a' gabhail a-steach iarrtasan airson taigheadas agus foghlam na b' fheàrr.

80. Dè cho math 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air cho tarraingeach 's a bha na Pantaran Dubha dha mòran de dh'Ameireaganaich Dhubha?

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

6

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt H — Sìtheachadh agus an t-Slighe gu Cogadh, 1918–1939

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

81. Mìnich na h-adhbharan airson gun robh fuath aig a' Ghearmailt do chumhachan Cùmhnant Versailles.

6

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn obair Lìog nan Nàiseanan.

Stòr A

B'è MacUilleam a bha na stiùiriche air cùlaibh Lìog nan Nàiseanan. Seach gun dhiùlt na SA a thighinn a-steach don Lìog, lùghdaich sin gu mòr a cuid comais air soirbheachadh. Anns na bliadhnaichean às dèidh a' chogaidh, rinn an Lìog mòran de dh'obair mhath dhaonnachdail a bha feumail. Rinn an Lìog a' chùis air fuasgladh fhaighinn air connsaidean eadar nàiseanan beaga air am b'urrainn cuideam a chur. Ach, nuair a bhiodh connsaidean eadar na dùthchannan a bu mhotha, gu math tric bha bhiodh an Lìog a' dèanamh dad.

Stòr B

B'è an Cùmhnant am pàipear a bha a' mìneachadh mar a dh'obraicheadh an Lìog. Bha gnìomhachd an-aghaidh nàiseanan na bu mhotha a bheireadh dùbhlàn don Lìog uireasbhaidheach agus gu math tric meadh-bhlàth. Cha robh mòran de na buill deònach smachdan-bhann a chleachdadh, agus dh'fhàg seo an Lìog lag. Ach shoirbhich leis an Lìog gu ìre le bhith a' faighinn fuasgladh air argamaidean eadar dùthchannan na bu lugha. Leis nach deach grunn de na cumhachdan mòra, nam measg na SA, an sàs leis an Lìog, mhill seo gu dona èifeachdas na buidhne.

82. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran A** agus **B** mu obair Lìog nan Nàiseanan.

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

4

83. Thoir cunntas air amasan poileasaidh cèin nan Nadsach.

4

84. Dè an ìre gun robh draghan armailteach nam prìomh adhbharan airson gun lean Chamberlain poileasaidh sìtheachaidh?

9

(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)

Tha **Stòr C** a' toirt cunntas air nan tachartasan ann an 1939 a dh'adhbhraich gun bhris cogadh a-mach eadar Breatainn agus a' Ghearmailt.

Stòr C

Dh'fhàg call an Sudetenland ris a' Ghearmailt san Dàmhair 1938 an còrr den t-Seic-Slòbhac lag agus ann an cunnart gun toirear ionnsaigh orra. Anns a' Mhàrt 1939, rinn saighdearan na Gearmailt caismeachd don t-Seic-Slòbhac. Chaidh an gnìomh seo an aghaidh Aonta Mhùnich. Bhris an t-Slòbhac air falbh agus chaidh i na 'stàite phupaid' a bha taiceil don Ghearmailt. Chaidh Bohemia agus Moravia nan cosantaireachdan Gearmailteach. Suas gun ìre seo bha Hitler air na h-iarrrtasan aige fhèireanachadh mar shuidheachadh fèin-dhearbhaidh. Bha seo a-nis eu-comasach leis na rinn e sa Mhàrt 1939. Mar thoradh air ionnsaigheachd na Gearmailt leig Breatainn agus an Fhraing às am poileasaidh sìtheachaidh aca.

85. Dè cho math 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air na tachartasan ann an 1939 a dh'adhbhraich gun thòisich cogadh eadar Breatainn agus A' Ghearmailt?

6

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt I — An Dàrna Cogadh Mòr, 1939–1945

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

86. Mìnich na h-adhbharan airson gun dh'òrdaich Hitler ionnsaigh a thoirt air an Ruis san Ògmhios 1941. 6
87. Thoir cunntas air Blar Midway san Ògmhios 1942. 4

Tha Stòran A agus B mu dheidhinn iomairtean Dùbhlain nam Frangach.

Stòr A

Chùm iomairtean Dùbhlain anns na dùthchannan fhor-ghlacadh an t-strì a' dol an aghaidh feachdan armaichte na Gearmailt. Bha na dòighean aca a' gabhail a-steach sabotàis air lìonra rèile na Gearmailt. Bha iad cuideachd a' sgaoileadh propaganda an aghaidh na Gearmailt. Bha an dùbhlain seo a' gabhail àite anns a h-uile dùthaich a bha fo smachd nan Gearmailteach. Bha an cuideachadh a thug iad do na Càirdean uabhasach cudromach. Tha cuid de dh'eachdraichean den bheachd às aonais an cuideachaidh gum biodh na Càirdean air an t-strì a chall. Nan deigheadh buill den Dùbhlain a ghlacadh bhiodh iad gu cinnteach air an ciùrradh agus air an cur gu bàs.

Stòr B

Mar thoradh air ionnsaigh na Gearmailt ann an 1940 dh'fhàs iomairt dùbhlain anns an Fhraing. Rè a' chogaidh thug Luchd-dùbhlain na Frainge buaidh aig prìomh amannan air feachdan na Gearmailt a bha san dùthaich. Rèitich luchd-dùbhlain iad fhèin ann am buidhnean dìomhair. Chreach iad trèanaichean a bha a' giùlain shaighdearan na Gearmailt agus uidheamachd armailteach. Chosg na h-iomairtean soirbheachail sin mòran dhaibh oir bha iomadh ball den Dùbhlain a' pàigheadh gu cruaidh airson an gaisgeachd lem beatha.

88. Dèan coimeas eadar beachdan Stòran A agus B mu obair Luchd-dùbhlain na Frainge. 4
(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)
89. Dè an ìre gu robh mearachdan Gearmailteach mar phrìomh adhbhar airson soirbheachas nan Càirdean ann an Nòrmandaich ann an 1944? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad cunntas cothromach air buaidh diofar nithean agus thig gu co-dhùnadh reusanta.)

Tha Stòr C a' toirt cunntas air mar a thuit Berlin.

Stòr C

B'è Dihaoine 20 Giblean co-là-breith Hitler. Chuir na Sobhietich tiodhlac co-là-breith thuige - làmhachais trom a-steach gu fìor chridhe baile Berlin. Chuir Càirdean an Taobh Siar ris an sin le rèid mhòr bhon adhar. Chaidh ainmeachadh air an rèidio gu robh Hitler air a thighinn a-mach às a chùil aige a bha dìonach bho bhomaichean. Bhruidhinn e ri balaich òga a bha airson a dhol 'gu saor-thoileach' don SS agus bàsachadh airson am Führer aca gus Berlin a dhìon. Abair breug ghrànda! Cha robh iad ann gu saor-thoileach, cha robh roghainn eile aca. Chaidh balaich a chaidh an lorg a' falach a chrochadh mar luchd-brathaidh leis an SS.

90. Dè cho math 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air na tachartasan suas gu tuiteam Bherlin?

(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)

6

ROINN 3 — CO-THEACSAICHEAN: AN ROINN EÒRPA AGUS AN SAOGHAL — 29 comharra

Pàirt J — An Cogadh Fuar, 1945–1989

Feuch na còig ceistean a leanas a' cleachdadh eòlas a bheir thu gu cuimhne agus fiosrachadh bho na stòran far a bheil sin iomchaidh.

Tha **Stòran A** agus **B** mu dheidhinn nan adhbharan a bhris Cogadh Fuar a-mach eadar an Aonadh Sobhietach agus na SA.

Stòr A

Cho luath 's a bha an Dara Cogadh Mòr seachad, dh'islich an dàimh a bha eadar an dithis chàirdean, agus na àite nochd àrainneachd amharasach eadar Ameireaga agus an Aonadh Sobhietach. Bha beachdan aig stiùirichean Sobhietach agus Ameireaganach a bha calg-dhìreach an aghaidh a chèile agus bha iad a' feuchainn ri na beachdan sin a sgaoileadh gu dùthchannan eile. Lean an teannachadh a' fàs thairis air na beagan bhliadhnaichean ri teachd. Leis gun leasaich agus gun chleachd na h-Ameireaganaich am boma atamach an aghaidh nan Seapanach às aonais conaltraidh le na Sobhietach chuir sin barrachd spàirn air dàimhean.

Stòr B

Cho luath 's a thàinig an cogadh gu crìch, thòisich fìor nàimhdeas eadar an Aonadh Sobhietach agus na h-Ameireaganaich. Cha do chuidich na coinneamhan aig Yalta agus Potsdam le càirdeas nas fheàrr fhaighinn eadar an dà dhùthaich. Bha a coltach gun robh an Ceann-suidhe ùr ann am Ameireaga Truman agus an stiùiriche Sobhietach Stalin gu math nàimhdeil do chèile, agus dhearbhadh seo cho fada 's a bha iad bho chèile nam beachdan. B'ann na bu mhiosa a bha an teanntachd aig Potsdam mar thoradh air Ameireaga a bhith air am boma atamach a chleachdadh an aghaidh Iapan.

91. Dèan coimeas eadar beachdan **Stòran A** agus **B** mu na h-adhbharan a bhris an Cogadh Fuar a-mach eadar an Aonadh Sobhietach agus na SA.

(Dèan coimeas eadar na stòran gu h-iomlan agus/no gu mionaideach.)

Tha **Stòr C** a' toirt cunntas air nan tachartasan a dh'adhbhraich an èiginn ann am Berlin ann an 1961.

Stòr C

Mus tàinig 1960 bha an suidheachadh ann am Berlin an Ear gu math cunnartach. Bha lagh-obrach ùr anns a' Ghearmailt an Ear, a chuir casg air luchd-obrach bho bhith a' dol air stailc, air droch an-fhois adhbhrachadh anns na factaraidhean. Bha ath-leasachaidhean àiteachais air prìsean àrda agus gainnead bìdh adhbhrachadh. Mar thoradh air na bha seo thàinig àrdachadh mòr anns an àireamh de dh'fhògarraich a bha a' teicheadh don Taobh an Iar. Aig coinneamh de stàitean Còrdadh Warsaw, chaidh innse dha Khrushchev mun t-suidheachadh. Anns na sia mìosan suas gun Ògmhios 1961, bha 103,000 Gearmailteach bhon Ear air teicheadh tro Berlin.

92. Dè cho math 's a tha **Stòr C** a' toirt cunntas air na tachartasan suas gu suidheachadh èiginn Berlin ann an 1961? 6
(Cleachd an stòr agus ais-ghairm airson a thighinn gu breith.)
93. Mìnich na h-adhbharan airson gun deach na SA an sàs ann an èiginn mu Cuba ann an 1962. 6
94. Dè an ìre gu robh innleachdan am Vietcong mar phrìomh adhbhar airson gun shoirbhich leotha leis a' chogadh ann an Vietnam? 9
(Cleachd d'fhiosrachadh fhèin aig an toiseach, agus an uairsin thoir seachad **cunntas cothromach** air buaidh diofar nithean agus thig gu **co-dhùnadh reusanta**.)
95. Thoir cunntas air na ceumannan a chaidh a ghabhail gus teannachadh eadar na SA agus an USSR eadar 1968 agus 1989 a lùghdachadh. 4

[CRÌOCH A' PHÀIPEAR EISIMPLEIR]